

# NA DUILLEAGAN GAIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB LIFE AND WORK

AIREAMH 8 | 2014 | AN LUNASDAL



## Facal Toisich

An latha roimhe thadhail càraid à ceann a deas Shasainn oirnn. Bha iad air chuairt ann an Earra Ghàidheal an dèidh dhaibh a bhith air turas anns na h-eileanan eadar Barraigh agus Leòdhas, agus anns an Eilean Sgitheanach. Rinn iad moladh nach bu bheag air a' choibhneas a fhuair iad agus air na seallaidhean a chunnaic iad.

Ach 's e a dh'fhàg iad anns na ceàrnaidhean seo, gu robh ise a' lorg dachaigh a sinnsearan. 'S e Mac an Rothaich, Cràbhartach agus Mac an Aba na cinnidhean aca, agus mar sin bha e furasda aithneachadh o na h-ainmeannan sin dè am baile ann am Meadhan Earra Ghàidheal as an do dh'fhalbh a cuideachd.

Tha barrachd ùidh aig daoine anns an latha againne ann an sloinntearachd, gu h-àraighe feadhainn a tha a' fuireach ann an Sasainn, no nas fhaide air falbh, ann an Amaireaga agus ann an Astràilia. Chì sinn o na Sgriobtaran cho moiteil agus a bha na h-lùdhaich as na daoine on tàinig iad. Tha an salmadair agus sgriobhadair eile a' togail iomadh leasan o na fiosrachaidhean a bha aig na daoine a chaidh romhpa.

Cha b'e ainglean a bha ann an sinnsearan nan lùdhaich, ach daoine cumanta le fuil agus feòil, lem fàilingidhean fhèin. Bhiodh na h-lùdhaich a' fòghlam o na rudan a bha cearr ann an eachdraidh an athraichean, amannan nuair a ghabh iad an t-slige chearr.

"Leanaibh an creideamh-san," tha litir nan Eabhrachdheach ag ràdh. Anns an litir sin tha sinn a' leughadh mu na daoine ri linn an t-Seann Tiomnaidh a bha beò tre chreideamh. Dh'fhàg iad eisimpleir againn mun dàimh a bu chòir a bhith againn ri Dia agus ri ar co-chreutair. Tha e buannachdail a bhith a' leantainn 'nan cas-cheuman.

**Le deagh dhùrachd,  
Ruairidh MacLeod.**



**Seo an eaglais ann an eilean Cholbhasaigh. Anns an Og-mhìos bha co-chruinneachadh air an eilean, a' cuimhneachadh gu bheil ceud bliadhna bho chaochail an sgoilear iomraiteach, Dòmhnull MacFhionghain, a rugadh agus a fhuair bàs ann an Colbhasaigh. Bhiodh MacFhionghain eòlach air an eaglais seo ann an làithean 'òige. Chaighd an eaglais a thogail aig fior thoiseach na naodhamh linn deug. (An dealbh le Linda Gowans.)**

## Cùil nan Ceist

Faisg air far a bheil mi a' sgriobhadh seo tha na h-eòin air neadachadh. Thug sin dhuinn cuspair airson ar ceistean an turas seo – neadan. Gheibhear na caibideilean anns an lorg sibh na freagairtean an dèidh gach ceist, agus tha fuasgladh nan ceist air an duilleig-chùil.

1. Dè na craobhan sònraichte anns am bi na h-eòin a' neadachadh. (Salm 104.)
2. Lion a' bheàrn: "Neadan aig — an adhair." (Lùcas, caibideil 9.)
3. Dè na h-eòin a nì nead ann am bruaich bile na h-uaimhe? (Ieremiah, caibideil 48.)
4. Dè an t-eun beag a fhuair taigh ann an teampall an Tighearna? (Salm 84.)

# Càirdeas – 3

Fhad 's a bha mi a' meòmhachadh air na smuaintean seo mu chàirdeas, leugh mi leabhar, *When the children came*, leabhar mu dhèidhinn evacuatees aig àm an dara cogaidh. Bha iomadach stòiridh ann mu chàirdeasan a thòisich ri linn a' chogaidh agus smaoinich mi gun innsinn aon a chòrd gu mòr rium.

Chaidh an teaghlaich seo a chur gu baile beag nach robh ach trithead mile a-mach à Lunnain, àite a bha gu math coltach ris na h-eileanan aig an àm – taigh gun dealan, gun uisge teth agus le taigh beag aig bonn a' ghàrraidh. Bhuineadh e do dh'fhear Harry Mayo, fear nach robh pòsda.

'S e teaghlaich lùdhach a bha unntasan agus cha robh eòlas air a bhith aige-san air an dòigh beatha no an creideamh acasan, ach cha do sheall e dad dhaibh ach coibhneas. Nuair a bha àm Càisg ('s e sin Passover) faisg thubhairt màthair na cloinne ris gu robh cleachdaidhean acasan a bha iad ag iarraidh a chumail. 'S e am freagairt a thug e, *Well, well cò a smaoinich? Bha mi riamh a' creidsinn gur e daoine matha a bha anns na h-lùdhach, ach tha mi a-nise cinnteach as.*

Chan e a-mhàin gun do chùm iad a' Chàisg ach ghabh e compàirt ann còmhla riu agus aig àm na Nollaig thug e iad gu taigh a pheathar far an do ghabh iadsan compàirt anns a h-uile dad a bha a' tachairt. Bha dithis nighean anns an teaghlaich agus thug e misneachd dhaibh leabhrachaean a cheannach dhaibh agus gan cuideachadh mar a b'urrainn dha.

Bha a chridhe briste nuair a bha an cogadh seachad agus fios aige gum feumadh iad a dhol air ais dhachaigh a Lunnainn, agus chùm iad an càirdeas a' dol agus an corr dha bheatha bhiodh e a' dol suas a Lunnainn a h-uile seachdain a shealltainn orra gus an tainig seann agus anshocair.

Nuair a bhàsaich e, 's e a' cheud triop a bha iad ann an eaglais Chriosdail, agus chaidh àite an teaghlaich a thoirt dhaibh oir sin mar a bha iad dhàsan iomadach bliadhna.

Ann an seo bha dà chultar gu math eadar-dhealaichte a' tighinn còmhla agus iad a' sealltainn càirdeis, dìlseachd agus spèis dha chèile. 'S dòcha gu bheil leasan ann dhuinn uile.

**Oighrig Fhearghasdan,  
(A' Mhanachainn.)**

# Dòmhnull MacFhionghain, Fior Sgoilear Gàidhlig



Anns an Ogg-mhios chumadh co-chruinneachadh sònraichte ann an Colbhasaigh, a' comharrachadh gu bheil ceud bliadhna bho chaochail Dòmhnull MacFhionghain, a' cheud Phroifeasair a bha air na cànanan Ceilteach ann an oilthaigh Albannach.

Chuala mòran againn an t-ainm aig MacFhionghain an toiseach nuair a leugh sinn an aithisg a sgriobh e leis an ainm, *Seann Sgoil*. Nuair a bha am Fear-deasachaidh air chuairet ann an Colbhasaigh bho chionn beagan bhliadhna chan air ais, chunnaic e an làrach far an robh an sgoil air an robh an t-ùghdar a' labhairt. Bha an sgoil sin fo iùl an SSPCK, a shuidhich iomadh sgoil am measg nan Gàidheal – "a' Chuideachd Urramach atà chum eòlas Criosdaidh a sgaoileadh air feadh Gàidealtachd is Eileanan na h-Alba".

Nuair a bha Dòmhnull MacFhionghain ochd bliadhna deug chaidh e gu Colaisde-trèanaidh Eaglais na h-Alba ann an Dùn Eideann. Bha e an toiseach greis a' teagasc sgoile ann an Cataibh. Chaidh e gu Oïlthaigh Dhùn Eideann far an tug e a-mach MA le urram ann an 1869. Bha e mu dheich bliadhna ag obair mar chlèireach aig Ròinn an Fhòghlaim aig Eaglais na h-Alba. Bha e air fear de na sgoilearan a rinn leasachadh air Gàidhlig a' Bhòiobaill. Bha esan an sàs anns an Tiomnad Nuadh, gu h-àraidh Leabhar nan Gnìomharan.

Ann an 1882 bha MacFhionghain air a thaghadh gu bhith os

**The Secret Island  
Towards a History of Tiree  
(The Islands Book Trust. £12)**

Dòmhnull Meek a' sgriobhadh le tuigse agus le eòlas mu na Baistich agus na h-eaglaisean eile air leth on Eaglais Stèidhite a dh'fhàg làrach cho mòr air beatha spioradail an eilein. Tha sinn a' leughadh mu na togalaichean a chuir Eaglais na h-Alba suas anns na bliadhna chan an deidh 1840. Tha caibideilean brìoghdmhor cuideachd againn air Gàidhlig eilean Thiriodh. Tha e tarraigeach a bhith a' dèanamh coimeas eadar Gàidhlig Chola agus Gàidhlig Thiriodh agus an dà eilean cho faisg air a chèile, a thaobh astair co-dhiùbh.

Bidh e an còmhnaidh a' cur iongnaidh orm mar a thèid aig an Urras air leabhrachaean cho tomadach fhoillseachadh air prìsean cho reusanta. Cuiridh luchd-leughaidh aig a bheil ceangal sam bith ri Tiriodh luach air na h-aithisgean anns an leabhar seo. Agus foghlamaidh daoine aig a bheil uidh ann am beatha nan eilean mòran on leabhar. Tha iomadh rud a bha diamhair air an toirt am follais an seo.

# Leabhraichean

An-uiridh bha co-chruinneachadh ann an Tiriodh far an tug sgioba de sgoilearan pàipearan seachad air iomadh cuspair eadar-dhealaichte co-cheangailte ri beatha agus eachdraidh an eilein. A-nis tha Urras Leabhrachaean nan Eilean air na h-aithisgean a thoirt còmhla ann an leabhar ion-mhiannaichte anns a bheil corr is ceithir cheud duilleag. Thug bana-charaid dhomh leth-bhreac den leabhar agus 's e tioldiac luachmhor a bha ann.

Tha torr leughaidh anns na sgrìobhaidhean inntinneach – barrachd air fichead dhiùbh – a gheibhearr eadar dà chlàr an leabhair seo. Tha cuid mhath de na caibideilean co-cheangailte ri eachdraidh Thiriodh. Leughaidh sinn mu obair na ceilp a bha aig aon àm cho cudthromach anns na h-eileanan, mu strith an fhearrainn, mu imrich gu dùthchanan eile, mu ghoirearan-siubhail.

Bidh uidh air leth aig leughadairean nan Duilleag anns na caibideilean mu na h-eaglaisean ann an Tiriodh. Tha an t-Oll.

cionn na Cathair Cheiltis a chaidh a stèidheachadh ann an Oiltigh Dhùn Eideann. Bha e dà bhliadhna dheug thar fhichead anns an dreuchd sin. Thubhairt feadhainn a bha anns na clasaichean aige gur e fear-teagaig sgileil a bha ann agus gur e duine geanail èibhinn a bha ann cuideachd. Leig an t-Ard-ollamh MacFhionghain dheth an dreuchd anns an Og-mhìos 1914, agus fhuair e bàs ann an eilean a bheith air Latha na Nollaig air a' bhliadhna sin.

Bha iomadh taobh air an sgoilearachd aig Dòmhnull MacFhionghain. Sgrìobh e mu ainmean-àiteachan ann an Earra Ghàidheal. Bha ùidh cuideachd aige anns na seanfhaclan Gàidhlig. Ann an 1956 dh'fhoillsich Lachlann MacFhionghain leabhar le taghadh de na sgrìobhaidhean aige air na seanfhaclan, laoidhean Gàidhlig agus cuspairean eile. Sgrìobh MacFhionghain iomadh aithisg ann am Beurla agus ann an Gàidhlig ann an irisean agus thug e còig pàipearan seachad aig Comunn Gàidhlig Inbhir Nis.

Ceud bliadhna an dèidh a bhàis nach math gu bheil clach ga cur air càrn an sgoileir Ghàidhealaich seo. Nuair a chaidh a' Chathair Ghàidhlig a stèidheachadh seo mar a sheinn am bard, Niall MacLeod –  
*MhicFhionghain, a charaid,  
 Bi fearail's bi cruaidh,  
 Gu eachdraidh nan laoch ud  
 A sgaoileadh le buaidh;  
 Is lànachd na Gàidhlig,  
 A bàrdachd's a duain,  
 'S an dileab a dh'fhàg i  
 Dèan làidir is buan.*

Chaidh corp MhicFhionghain a chàradh anns a' chladh ann an Colbhasaigh. Chì sibh gu h-àrd an leac a chaidh a chur aig a cheann. Sgrìobhete aig a' bhonn tha sreathan on mharbhrrann a rinn Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir dha fhèin.

*Caochadh beatha tha ann 's cha bhàs,  
 Le beannachadh gràsmhor buan:  
 Gach neach a nì a' chuid as fheàrr  
 Is maith an t-àit am faigh e dhuais.*

(Thog Linda Gowans an dealbh de lic-uaghach Dhòmhnaill  
*MhicFhionghain* nuair a bha i ann an Colbhasaigh aig a' cho-

chruiinneachadh a chaidh a chumail mar chuimhneachan air MacFhionghain a fhuair bàs bho chionn ceud bliadhna.)

## Searmon Beag

*Agus dh'èigh an Tighearna Dia air Adhamh, agus thubhaint E ris, Càit a bheil thu? (Genesis 3:9)*

Air duilleagan a' Bhòbaill tha sinn a' leughadh nan ceudan de cheisteann. Cò? Carson? Ciamar? Cuin? Càite?

Tha na ceistean sin de dh'iomadh seòrsa. Bidh daoine a' cur cheist air a chèile. Bidh daoine a' cur cheist air Dia. Chì sinn an salmadair uaireannan mar gum biodh e a' còmhchradh ris fhèin, a' cur cheist air fhèin.

Bidh Dia a' cur cheist air daoine. Gu dearbh, a' cheud cheist a leughas sinn air duilleagan nan Sgriobtar, 's e a tha ann Dia a' cur ceist air an duine. *Agus dh'èigh an Tighearna Dia air Adhamh, agus thubhaint E ris, Càit a bheil thu?* Guth ag èigeach. Guth le ceist chudhromach. Guth a bha a' sìreadh freagairt.

Agus càit an robh Adhamh?

Bha e am falach, no co-dhiùbh bha e fhèin a' smaoineachadh gu robh e falaichte am measg chraobhan gàrradh Edein. Ach cha b'urrainn dha teicheadh fo sgàile nan craobh no ann an àite sam bith eile bhuaithe-san a chì gach nì.

Càit an robh Adhamh?

Bha e air slighe an t-seachrain. Bha e air cùl a chur ri àithne chinnteach shoilleir Dhè agus chaidh e calg-dhìreach 'na h-aghaidh. Dh'fhaladh Adhamh e fhèin agus a chogais ga dhìeadh.

Tha an t-ainm Adhamh a' ciallachadh *duine*, ball den chinne-daonna. Faodar a ràdh gu bheil Adhamh a' samhlachadh agus a' riocdhachadh a' chinne-daonna gu lèir. Tha a h-uile duine mar gum biodh e 'na Adhamh. Tha guth Dhè a' glaodhaich ris gach neach cruthaichte, ris gach aon againn, *Càit a bheil Thu?* Chan eil Dia airson gum bi sinn am falach, mar a bha Adhamh ann an gàrradh Edein. Tha E airson gum bi sinn gu follaiseach a' mealtainn co-chomainn ris. Chan eil Dia airson gum bi sinn air slighe an t-seachrain, mar a bha Adhamh, ach gum bi arc cas gu tèarainte air an t-slighe a tha a' treòrachadh a-chum na beatha.

## Gàidhlig Shìmplidh

Ceann-teagaig airson a' mhìos seo: "Is math an nì a bhith a' tabhairt cliù dar Dia." Tha na facan sin anns an t-seachdamh salm thar sheachd ficehead, anns a' cheud rann. (Salm 147:1) Bhiodh an salmadair daonna'n a moladh Dhè. Bhiodh e ga mholadh airson glòir an t-saoghail chruthaichte. Bhiodh e ga mholadh airson gach dion a rinn E air. Bhiodh e ga mholadh airson bheannachdan spioradail agus beannachdan aimsireil. Nuair a bha rudan a' dol 'na aghaidh, bhiadh e fhathast a' moladh Dhè. Tha e cho furasda a bhith a' gearan. Nach lean sinn eisimpleir an t-salmadair aig an robh spiorad molaidh.

Seachdain an dèidh seachdain chunnaic sinn gobhlain-gaoithe ag itealaich mun cuairt. Bhiodh iad tric a' dol faisg air nead a bha aca dà bhliadhna air ais. Ach cha robh coltas sam bith ann gu robh iad a' do a neadachadh. Cha robh sgeul air uighean. Ach an-diugh chunnaic sinn tri iseanan beaga. Bha àl aig na h-eòin ged a bha sinn a' smaoineachadh nach robh. Tha e math beatha ur fhaicinn anns an t-saoghail mun cuairt oirnn. Gheibh sinn toil-intinn o no a h-eòin, agus mar a thubhaint losa, bidh iad gar teagasc. Tha sùil Dhè air na h-eòin. Tha a shùil oirnne cuideachd ann an tròcair. Tha sinn uile luachmhor ann an sealladh Dhè.

Seanhacal airson a' mhìos seo: "An tobar nach traoigh." (The fountain that does not dry up.) Bha e 'na cheist air daoine dè a bha an seanhacal seo a' ciallachadh. Chan ann tric a chì sinn tobar nach bi a' tràghadh. Tha tobraicean ann a bhios làn anns a' gheamhradh, ach tha iad tioram nuair a thig samhradh teth. Rinn an Siorram Alasdair MacNeacail cruinneachadh mòr de sheanfhaclan Gàidhlig. Tha esan a' smaoineachadh gur e a tha anns an tobar nach traoigh, "maitheas Dhè." Tha e fior nach eil crioch a' tighinn air tràcair agus air gràs Dhè. Chan eil iad ag atharrachadh aig àm sam bith den bhliadhna.

Nuair a sgrìobh mi seo bha an latha as fhaide den bhliadhna air a dhol seachad. Bidh sinn a' smaoineachadh air cho luath agus a tha na làithean a' ruith. An-dè dhùin na sgoiltean airson saor-làithean an t-samhraidh. Bha seirbheis againn airson an dà bhun-sgoil anns an sgir. A bharrachd air na sgoilearan, bha pártan agus càirdean eile aig an t-seirbheis. Bidh na sgoiltean dùinte airson seachd seachdainean. Bidh na sgoiltean a' fosgladh arithist anns an Lùnasdal. Tha mi a' creidsinn gun can a' chlann gun deachaidh na làithean saora seachad ro-luath. Ach bidh iad toilichte a bhith air ais còmhla ris a' chloinn eile.

# AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeod, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU.  
Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

## Thall 's a-Bhos

### AIR AN ADHAR

Air a' cheud Sàbaid den Lùnasdal cluinnear seirbheis shònraichte a' comharrachadh gu bheil ceud bliadhna bho thòisich an Cogadh Mòr. Air ceann *Dèanamaid Adhradh* air an latha sin bidh an t-Urr. Eachann MacCoinnich as an Eilean Sgitheanach a tha 'na mhinistear-airm. Air na Sàbaidean eile bidh cothrom againn seirbheisean a chaith a chraoladh roimhe seo a chluinnintinn, on Urr. Aonghas Iain Dòmhnullach, a bha ann an Eaglais an Ear Inbhir Nis, an t-Oll. Urr. Dòmhnull MacLeod, a bha ann an colaisde na h-Eaglaise Saoire, an t-Urr. Coinneach Stiùbhart, on Eaglais Ath-leasaichte Chlèireachail, agus air a' chòigeamh Didòmhnaich, an t-Urr. Coinneach Dòmhnullach on Eaglais Shaoir Leantainnich.

### RANN

*Is e mo dhùrachd is m'ùrnaigh fhèin dhut  
Thu thiginn dhar n-ionnsaigh as-ùr gun èis ort,  
'S mur tig nall tron a' gheamhradh fhèin leinn,  
Bidh choinneamh-ùrnaigh fo thùrs' as d'eugmhais.*

Seo ceathramh à dàn a sgrìobh Eachann MacFhionghain, bàrd Bheàrnaraigh na Hearadh, ann an 1935. Bha fear de dh'fhir òga, an eilein, Donnchadh MacAsgaill, anns an ospadal. Fhuair ùrnaigh Eachainn eisdeachd. Thàinig Donnchadh dhachaigh, fhuair e saoghal fada, an dèidh dha seirbheis dhileas a dhèanamh don eaglais anns na h-eileanan agus air tìr-mòr mar mhiseanaraidh agus mar mhinistear-sgire.

### SGOILEAR IOMA-CHANANACH

Anns an iris bhliadhnaill aig Sgoil na Diadhairreachd ann an Oilthaigh Dhùn Eideann leugh sinn pòs a tharraing ar n-aire mu fhear-teagaisg aig a bheil eòlas air grunn chànan, a' Ghàidhlig 'nam measg. Tha an t-Oll. Seumas Eglinton 'na òraidiache air Diadhairreachd Ath-leasaichte. Tha an aithisg ag innse gun do rugadh agus gun do thogadh e air Ghàidhealtachd agus gun do ghabh e compàirt ann am prògraman air *Alba* agus air *Radio nan Gàidheal*.

### AIR CHLUAINIDH

An dèidh a bha 'na mhinistear ann an sgìr Bhoth Chuidir, ceangailte ri Cill Fhinn agus Aird Èònaig o 1986, tha an t-Urr. Iain Lincoln a-nis air uallach coitheanail a leigeil dheth. Thug Mgr. Lincoln taic mhòr don Ghàidhlig. Tha e 'na bhalla den sgioba de sgoilearan a tha trang ag eadar-theangachadh nan Soisgeulan gu Gàidhlig an latha an-diugh. Dh'fhoillsich Comann-Bhòball na h-Alba an t-eadar-theangachadh ùr de Shoisgeul Èòin ann an 2010 agus tha an obair a' dol ar adhart.

### FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist às a' Bhòball a chuir sinn oirbh co-cheangailte ri neadan. 1. Seudair Lebanon. 2.—— eunlaith. 3. Na calamain. 4. An gealbhan.

### ADHBHAR GAIRE

Bha ministear òg aig an robh cleachdadh a bhith a' toirt seachad shearmon a bha car fada, agus eadhon ann an latha far an robh seirbheisean nas fhaide na tha iad an-diugh, bhiodh an coitheanal a' fàs rud-eigin sgith. Dh'fhaighnich e do sheann mhinistear dè an comharradh a bha aige-san air searmon math. 'S e am freagairt a fhuair e, "Deagh thoiseach tòiseachaidh a bhith aig an t-searmon, agus deagh chrìoch, agus gun ùine ro-fhada a bhith eadar na dhà."

## Urnaigh

A Dhè naoimh,  
a tha gar gairm gu bhith a' tighinn ad ionnsaigh  
mar a tha sinn,  
tha sinn ag aideachadh  
nach eil sinn an nì a tha còir againn a bhith,  
no mar a tha sinn ag iarraidh a bhith.

Thoir neart dhuinn nar laigse,  
solas nar dorchadas,  
mathanas nar teachdan-geàrr.  
Cuir miann nar cridhe  
airson beatha nas fheàrr,  
tre Chrìosd, ar Fear-saoraidh.

Amen

An dealbh air an aghaidh:  
**Thog Ailig Dòmhnullach nach maireann  
an dealbh seo ann an Saoidhdinis  
ann an Uibhist-a-Tuath.**  
'S e giomaich a bha na h-iасгаиреан  
a' glacadh anns na làithean sin.  
An-diugh tha margaid ann  
airson grunn sheòrsachan maoraich.